

# COIMISEAN NA CROITEARACHD

## GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 16 SULTAIN 2015

An làthair:	Colin Kennedy	Neach-gairm
	IG Macdonald	Iar-Neach-gairm
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair
	William Swann	Coimiseanair
	David Campbell	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	Catriona Maclean	Àrd-oifigear
	Donna Smith	Ceannard Siostaman Fiosrachaidh
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	Gordon Jackson	Ceannard Leasachadh Àiteachais is Croitearachd Riaghaltas an h-Alba
	Betty Mackenzie	Oifigear Conaltraidh
	Morag Menzies	PA don Neach-gairm, Geàrr-chunntas
	Vivienne Montgomery	Ball den phoball
	Donald MacKinnon	Ball den phoball (bho 09:50m)

### 1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan bho:

Jane Thomas, Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach  
Posy MacRae, Manaidsear Conaltraidh

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh, gu h-àraid Gordon Jackson bho Riaghaltas na h-Alba agus Vivienne NicGumaraid, croitear òg à Bail' Ùr an t-Slèibh.

### 2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhoillsich an t-Iar-Neach-gairm agus an Coimiseanair MacIllinnein com-pàirt ann an cùis Mhangarstaidh fo Nì 14c.

### 3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH AIR 5 LÙNASTAL 2015

Chaidh aonta a chur ri geàrr-chunntas na Coinneimh air 5 Lùnastal 2015.

#### 4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh coimhead ris na Puingean Gnìomha bhon choinneamh mu dheireadh 5 Lùnastal 2015:

- Duilleag 7, Nì 5b, Taghaidhean Choimiseanairean, chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh i air còmhradh ri Riaghaltas na h-Alba mu Thaghaidhean nan Coimiseanair ann an 2017 agus thug i air ais thuca puingean ionnsachaidh bhon taghadh mu dheireadh. Bha deasbad ann mun fheum airson trèanadh do thagraichean san amharc agus chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum biodh e doirbh trèanadh a liubhairt ro na taghaidhean ach gum biodh tòrr follaiseachd ann ron àm, gus nas urrainnear de fhiosrachadh a thoirt do thagraichean le plana trèanaidh math air a liubhairt do Choimiseanairean ùra, aon uair 's gun tòisich iad. Bha an Coimisean a' faireachdainn gun robh e cudromach fios a bhith aca an robh gin sam bith de na Coimiseanairean làithreach a' seasamh a-rithist, ro na taghaidhean ann an 2017, gus tomhais mar eisimpleir am biodh feum air neach le eòlas Sgrùdaidh is Ionmhais no nach biodh. Bidh an t-Àrd-oifigear a' coinneachadh le Riaghaltas na h-Alba a-rithist san Dàmhair gus deasbadan a chumail a' dol.
- Duilleag 8, Nì 8, chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil an Aithisg Bhliadhnail air a cur ron Phàrlamaid.
- Duilleag 13, Nì 12, a' chiad pharagraf, chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh Pàipear gu bhith air a thoirt air ais gun Choinneamh Bùird seo gus coimhead ri cosgaisean sanasachadh ann am pàipearan-naidheachd agus pàipearan ionadail, gus feuchainn ri airgead a shàbhaladh don Choimisean agus ar luchd-ceannach, ach chaidh co-dhùnadh faighneachd do Mheasadairean aig a' Mhòr-Chuairt a bha ri thighinn de na pàipearan-naidheachd a bha iad den bheachd a bhiodh nas èifeachdaich a thaobh cosgais, agus thig Pàipear chun a' Bhùird às dèidh sin.
- Duilleag 13, Nì 13, dhreach an Ceannard Poileasaidh, Coimiseanair Caimbeul agus Coimiseanair MacIllinnein freagairt do Cho-chomhairleachadh Bile Ath-leasachaidh an Fhearainn agus chaidh tagradh a chur a-steach às leth a' Choimisein.

#### 5 PÀIPEARAN ADHARTAICHTE AIRSON AONTA

##### (a) Cinn-latha Choinnreamhan Bùird 2016

Dh' aontaich an Coimisean ris a' Phàipear le trì atharrachaidhean agus dh'aontaicheadh na cinn-latha airson Coinneamhan Bùird 2016.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean gum biodh na cinn-latha airson Coinneamhan a' Bhùird 2016 mar a leanas:</b>  <b>Diciadain 3 Gearran 2016</b> <b>Diciadain 9 Màrt 2016</b> <b>Diciadain 4 Cèitean 2016</b> <b>Diciadain 22 Ògmhios 2016</b> <b>Diciadain 17 Lùnastal 2016</b> <b>Diciadain 28 Sultain 2016</b> <b>Diciadain 9 Samhain 2016</b> <b>Diciadain 14 Dùbhlachd 2016</b>
-------------------	---

## (b) Trèanadh Choimiseanairean

Bha Coimiseanairean a' faireachdainn gun robh am Plana Trèanaidh airson a' chòrr den teirm aca ro dhian agus nach robh e a' nochdadh dleastanas a' Choimisein, agus dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear a lùghdachadh gus a bhith a' gabhail a-steach trèanadh deatamach a-mhàin. Bha iad a' faireachdainn nach d' fhuair iad gu leòr trèanaidh aig toiseach an teirm aca nuair a bu chòir dhaibh.

Bha iad riarachta leis a' mholadh a thaobh a' Phlana Trèanaidh san amharc do Choimiseanairean ùra ann an 2017.

Bha an Coimisean a' faireachdainn gun robh e buannachdail co-dhiù aon chùrsa sa bhliadhna air an taobh a-muigh a fhrithealadh.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dhiùlt an Coimisean am Plana Trèanaidh airson a' chòrr den teirm aca oir bha e ro dhian agus dh'aontaich iad ris a' Phlana Trèanaidh do na Coimiseanairean ùra ann an 2017.</b>
-------------------	--

## 6 ÙR-FHIOSRACHADH BHUIDHNEAN-OBRACH GEÀRR-AMA

**Cunntas Ionlaidh STWG** – Chomhairlich an t-Iar-Neach-gairm gun do choinnich am buidheann seo air 15 Sultain 2015 anns an robh e fhèin, an Neach-gairm, Coimiseanair Dennis agus buill den luchd-obrach.

Rinn iad ath-bhreithneachadh air an fhoirm agus shriop iad air ais e gu dìreach na bha riatanach don Achd. Dh'aontaich an Coimisean nach bi foirm a' Chunntais Ionlaidh air a chur a-mach gu 2016.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean nach bi foirm a' Chunntais Ionlaidh air a chur a-mach gu 2016.</b>
-------------------	--

**Co-dhùnaidhean Tiomnaichte STWG** – Chomhairlich Coimiseanair Dennis gun do choinnich am buidheann seo air 15 Sultain 2015 agus gur e coinneamh glè fheumail a bh' ann le mòran cho-dhùnaidhean gan ruighinn. Chaidh ath-bhreithneachadh air crìochan a thaobh Làrach Taigh Croite agus Fearann Gàrraidh agus chaidh am Poileasaidh air Tòiseachadh A-rithist atharrachadh gus am biodh na dhà a rèir a chèile. Dh'aontaich iad cuideachd crìochan airson Ath-ghabhail, Gabhail Geàrr-ama agus Cead Às-làthaireachd, a thig gu Coinneamh Bùird eile san àm ri teachd airson aonta.

**Aithriseachd RPID aig STWG** – Chomhairlich an Ceannard riaghlaidh gun do choinnich am buidheann seo air 15 Sultain 2015 agus tha mòran obrach fhathast ri dhèanamh. Tha feum air mòran trèanaidh agus conaltraidh eadar an Coimisean agus RPID.

## 7 AITHISG BHO NA COIMISEANAIREAN – TACHARTASAN AIR AM PLANADH AGUS/NO AIR AM FRITHEALADH

**Neach-gairm** – Fhritheil an Neach-gairm coinneamh le RPID ann an Dùn Èideann, coinneamh mu Lèirsinn airson Croitearachd ann an Dùn Èideann, coinneamh leis a' Mhinistear, Coinneamh Buidheann Thar-phàrtaidh ann an Dùn Èideann, coinneamh le SCF san Àtha Leathain, trèanadh Coimisean nan Inbhean ann an GGH, coinneamh Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte, Aithriseachd RPID agus Coinneamhan Cunntais Ionlaidh STWG ann an GGH, Fèill Dhail Mhàilidh agus grunn choinneamhan fòn thar na mìosa. Bidh i a' frithealadh coinneamh Co-chruinneachaidh na Gàidhealtachd 's nan Eilean ann an Eilginn air 5 Dàmhair, Coinneamh Buidheann Thar-phàrtaidh ann an Dùn Èideann air 28 Dàmhair, agus Coinneamh Ghearanan is Sgrùdaidhean air 14 Dàmhair.

Tàinig Dòmhnall MacFhionghain, croitear òg à Eilean Leòdhais a-steach don choinneamh aig 09:50m. Chuir an Neach-gairm fàilte bhlàth air Dòmhnall às leth a' Choimisein.

**Iar-Neach-gairm** – Ghabh an t-Iar-Neach-gairm pàirt air Pannal Croitearachd aig Fèis Ciùil Belladrum, fhritheil e Fèill an Eilein Sgitheanaich, fèill-reic nan uan ann an Luirg agus chaidh aige air labhairt gu h-aithghearr ris an Rùnaire Caibineit, Richard Lochhead, coinneamh le Davie McCracken bhon SRUC gus deasbad mu dheidhinn galairean chaorach, fhuair e mòran ghairmean fòn bho neach-naidheachd leis an ainm Sally Bramhall a bha a' sgrìobhadh artaigil don New Statesman, fhritheil e coinneamh le croitearan òga ann an Stafainn, coinneamh leis an Urras Nàiseanta ann an Caol Loch Aillse agus Coinneamh Ath-leasachadh Fearainn ann am Port Rìgh. Bidh e a' frithealadh Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Luirg an-ath-sheachdain.

**Coimiseanair Swann** – Bha còir aige a bhith a' frithealadh coinneamh Ath-leasachadh Fearainn ach tharraing e às oir bha dragh air gun robh comas ann aire a bhith air a thoirt dhen chuspair air sgàth dlùth-aire bho na meadhanan. Bha e airson a dhàingneachadh ma tha Coimiseanair a' frithealadh tachartais, gu bheil e air a dhèanamh soilleir don bhuidheann gu bheil iad a' frithealadh mar phàirt den Choimisean agus nach ann mar neach fa leth. Bidh e a' frithealadh coinneamh HIE ann an Arcaibh san Dàmhair agus tha e a' moladh gur dòcha gum bi an Neach-gairm airson coinneachadh ri Neach-gairm HIE uaireigin san àm ri teachd.

**Coimiseanair MacIlinnein** – Fhritheil e fèill-reic nan uan ann an Steòrnabhagh, coinneamh le Finlay Beaton agus Ceannard nam Poileas ann an Steòrnabhagh a thaobh stoc a' dol air iomrall agus chomhairlich e nach e duilgheadas a th' ann don Choimisean, coinneamh le Matt Bruce bho 'Point Power' ann an oifis RPID ann an Steòrnabhagh, companaidh cumhachd roth-uidheam leis a' choimhearsnachd a tha airson tasgadh ann an croitearan òga san Rubha, agus thadhail 10 croitearan air a bha draghail mun litir Cunntais a chaidh a chur a-mach bhon oifis o chionn ghoirid. Bidh e a' frithealadh seisean tadhal-a-steach air a chumail le Biùro Comhairleachaidh a' Phobaill ann am Barraigh, Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Steòrnabhagh san Dàmhair agus a' dèanamh agallamh le BBC Alba airson RPID, a thaobh sgeama ùr nan othaisgean.

**Coimiseanair Dennis** – Fhritheil e Fèill Bhaile Ùr nan Granddach, Trèanadh Coimisean nan Inbhean ann an GGH, 2 sheisean uair a thìde a' comhairleachadh a' chroiteir òig Vivienne NicGumaraid, tri Coinneamhan STWG air 15 Sultain agus bidh e a' frithealadh Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Inbhir Theòrsa san Dàmhair.

**Coimiseanair Pirie** – Fhritheil Coimiseanair Pirie Fèill Comann Àiteachais Tir-mòr an Iar ann an Dounby agus Fèill Comhairle Arcaibh ann an Ciorcabhal san Lùnastal, agus rinn e agallamh le oileanach bho Oilthigh Shruighle a tha a' dèanamh suirbhidh air tanachadh nan gèadh ann an Arcaibh. Tha iad a' faighinn cuideachadh bho SAC, SNH agus RPID. Bidh e a' frithealadh Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Inbhir Theòrsa agus an dòchas na farpaisean treabhaidh a frithealadh ann an Cinn Lois san Dàmhair.

**Coimiseanair Sinclair** – Fhritheil i coinneamh ann an Sealtainn leis a' Mhinistear air 10 Lùnastal far an deach sreath de dhuilgheadasan is chùisean a thogail le croitearan a bha an làthair, agus an Fhèill ionadail ann an Sealtainn agus bidh i a' frithealadh Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Lèiriug san Dàmhair.

**Coimiseanair Caimbeul** – Fhritheil an Coimiseanair Caimbeul diofar choinneamhan, Buidheann Obrach Geàrr-ama, Trèanadh Coimisean nan Inbhean, coinneamh Co-chomhairleachaidh Bile Ath-leasachaidh an Fhearainn agus fèill-reic nan uan. Chomhairlich an Coimiseanair Caimbeul gu bheil Cathraiche Buidheann Croitearachd

Fearann is Oighreachdan na h-Alba air a dhreuchd a leigeil dheth o chionn ghoird agus tha dragh air nach lean am buidheann a' dol. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear on tha an Cathraiche air cluaineas, gum bu chòir dhi sgrìobhadh gun bhuidheann às leth a' Choimisein ag ràdh riutha gu bheil an Coimisean a' cur luach air a' bhuidheann agus an dòchas gun lean e.

Thug an Neach-gairm taing do na Coimiseanairean uile airson an cuideachaidh agus thuirt i ri Vivienne NicGumaraid agus Dòmhnall MacFhionghain gun robh e cudromach, a thuilleadh air a bhith a' frithealadh Choinneamhan Bùird, gum biodh Coimiseanairean a' frithealadh diofar thachartasan air feadh nan sgìrean croitearachd, a thabhach comhairle do chroitearan agus do bhuidhnean eile.

## 8 ÙR-FHIOSRACHADH AIR AN SGRÌOBHAINN LÈIRSINN

Thaisbean Gordon Jackson bho Riaghaltas na h-Alba an Sgrìobhainn Lèirsinn aige a chaidh fhoillseachadh leis an Rùnaire Caibneit aig Fèill Rìoghail na Gàidhealtachd. Is e 'Àiteachas ann an Alba san Àm ri Teachd' an tiotal a th' air agus is e an geàrr-abairt 'tha gnìomhachas àiteachais uaine, ùr-ghnàthach agus prothaideach ann an Alba a tha adhartach agus seasmhach, a' cur taic ri fàs eaconamch, àrainneachd agus coimhearsnachdan agus a' cur ri tèarainteachd cruinneil'.

Chan eil an Lèirsinn cuingealaichte le àm agus tha naoi builean air an comharrachadh anns a bheil nithean leithid fàs seasmhach, ceanglaichean sèine luaich, seasmhachd sèine solair, trèanadh agus sgilean, agus ùr-ghnàthachadh 's an cleachdadh as fheàrr. Is e am beachd gun tig e gu bhith na phàirt de dheasbad nàiseanta agus thathar a' brosnachadh bhuidhnean gu coinneamhan ionadail a chumail, an deasbad nàiseanta adhartachadh agus conaltradh le daoine agus gnìomhan iomchaidh a chomharrachadh airson riaghladh mar a bhios àiteachas ag adhartachadh san àm ri teachd a dh'ionnsaigh an Lèirsinn a tha air a comharrachadh.

Tha uidheam agus làrach-lìn air an toirt gu buil agus tha làraichean ainmichte air Twitter agus Facebook.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh gum bi an Sgrìobhainn Lèirsinn clàr-sheòlaichte agus air adhartachadh aig na Mòr-Chuairtean Croitearachd a tha ri teachd, gu bheil sgrìobhainnean rim faotainn ann an oifisean RPID a ghabhas an sgaoileadh aig tachartasan, agus tha iad a' brosnachadh gach neach gu fiosrachadh a chur air ais tron làrach-lìn gu Riaghaltas na h-Alba.

Bha an Coimisean ga fhaighinn deatamach gu bheil e an sàs ann an adhartachadh an Lèirsinn bho shealladh croitearachd, agus fiosrachadh a chur air ais gu luchd-ùidh eile fa leth.

Is e 6-8 mìosan an fhrèam-ùine airson ais-fhiosrachaidh bho Fhèill Rìoghail na Gàidhealtachd anns an Ògmhios 2015, agus dh'aontaich an Coimisean buidheann obrach a chur air bhonn sam biodh an Ceannard Poileasaidh, an Neach-gairm, Coimiseanair MacIllinnein, Coimiseanair Swann agus Coimiseanair Dennis, gu freagairt a thoirt gu buil don Sgrìobhainn Lèirsinn às leth a' Choimisein.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean buidheann obrach a chur air bhonn sam biodh an Ceannard Poileasaidh, an Neach-gairm, Coimiseanair MacIllinnein, Coimiseanair Swann agus Coimiseanair Dennis, gu freagairt a thoirt gu buil don Sgrìobhainn Lèirsinn às leth a' Choimisein.</b>
-------------------	--

## 9 DEARBHADH DLEASTANAS PLANAIDH

Thaisbean an Ceannard Poileasaidh am Pàipear, a tha ag iarraidh air a' Choimisean beachdachadh air a dhleastanas mar phrìomh bhuidheann agus mar chomhairliche reachdail anns a' phròiseas planaidh, agus chomhairlich e gun deigheadh deasbad air a' Phàipear aig Coinneamh Poileasaidh ann an Leasachadh air 5 Lùnastal 2015.

An dèidh deasbad, dh'aontaich an Coimisean gu bheil iad airson a' chiad dà phuing air duilleag 30 den Phàipear a thoirt às: 'Comhairleachadh roinnean planaidh nan ùghdarrasan ionadail air nuair a tha croitean ùra gan cruthachadh' agus 'Comhairleachadh roinnean planaidh mu thagraidhean airson roinn chroitean air eagal 's gu bheil buadhan taigheadais ann'. Chan eil an Coimisean a' dol a chomhairleachadh ach le Ùghdarrasan Ionadail agus chan eil le Roinnean Planaidh.

Ann a bhith a' co-chomhairleachadh leis na h-Ùghdarrasan Ionadail, tha an Coimisean a' dèanamh sin gus na buannachdan sòisealta is eaconamach a dhearbhadh ann an toirt fearann a-steach do chroitearachd.

Bidh an t-Àrd-Oifigear a' beachdachadh air mar as fheàrr conaltradh leis na Roinnean Planaidh agus gu h-àraid deasbad air a' chùis co-cheangailte ri cruthachadh chroitean ùra, agus coimhead a-rithist ri litrichean a tha an Coimisean a' cur gu Ùghdarrasan Ionadail, gus soilleireachadh a leasachadh.

Nuair a thig an siostam ùr coimpiutaireachd a-steach aig deireadh na bliadhna, bidh Ùghdarrasan Ionadail air an comhairleachadh air mar a choimheadas iad ri crìochan croitearachd is eile air siostam Croftview a' Choimisein, a thathar an dòchas a chuidicheas iad ag obrachadh a-mach a bheil tagradh planaidh air fearann croitearachd no nach eil.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean gu bheil iad airson a' chiad dà phuing air duilleag 30 den Phàipear a thoirt às: 'Comhairleachadh roinnean planaidh nan ùghdarrasan ionadail air nuair a tha croitean ùra gan cruthachadh' agus 'Comhairleachadh roinnean planaidh mu thagraidhean airson roinn chroitean air eagal 's gu bheil buadhan taigheadais ann'. Chan eil an Coimisean a' dol a chomhairleachadh ach le Ùghdarrasan Ionadail agus chan eil le Roinnean Planaidh.</b>
-------------------	---

## 10 CUNNTAS: IONALTRADH / ROGHAINNEAN DO CHUNNTAS NA BLIADHNA-SA

Chuir Ceannard IS sìos am Pàipear, a tha a' nochdadh roghainnean airson beachdachadh a thaobh na cùise co-cheangailte ris an dàrna Cunntas Croitearachd agus a' chiad Chunntas Ionaltraidh Choitcheann.

Den 85% de thillidhean sa chiad Chunntas a chaidh a-mach san Dàmhair 2014, nochd 9000 atharrachadh de sheòrsa air choreigin agus den fheadhainn sin tha 770 atharrachadh air a chur an gnìomh gu ruige seo, tha 740 croit air atharrachadh inbhe a nochdadh bho neach-gabhail gu neach-seilbhe, agus feumaidh na h-atharrachaidhean sin uile a bhith air an ath-ùrachadh mus urrainnear an ath fhoirm Cunntais a chur a-mach.

Tha na roghainnean a thaobh cruth foirm an dàrna Cunntais air duilleag 32 den Phàipear agus an dèidh deasbad dh'aontaich an Coimisean ri Roghainn 3, is e sin an Cunntas a chur a-mach san aon dòigh ris a' chiad bhliadhna le dìreach mion-fhiosrachadh na croite agus a' chroiteir air a lìonadh. Dh'aontaich an Coimisean gun robh e cudromach a dhaingneachadh gu bheil an Cunntas na riatanas bliadhnail.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi iomairt follaiseachaidh a' gabhail àite gus comhairleachadh air mar a lionar an ath fhoirm Cunntais agus a' togail air na leasan an a chaidh ionnsachadh. Thig am Buidheann Obrach Geàrr-ama còmhla a dheasbad air mar a dh'fhaodar am pròiseas a leasachadh, a' gabhail a-steach teachdaireachd nan litrichean a thèid a-mach.

Chomhairlich Ceannard IS gun deach co-dhùnadh a' chùis co-cheangailte ris an fhoirm Cunntais fhàgail gu an ath bhliadhna.

Chaidh litrichean leanmhainn a chur a-mach o chionn ghoirid gu na croitearan a nochd nach robh iad a' gèilleadh do na dleastanasan aca agus tha seo air toradh ann an àireamh mhòr de cheistean fòn don oifis. Tha diofar raointean de thromh-chèile air nochdadh agus beachdaichidh an STWG am bu chòir foirm eadar-dhealaichte a dhol a-mach san àm ri teachd gu croitearan aig a bheil dìreach cuibhreann seach croit.

Bha deasbad ann mu Thaghaidhean a' Choimisein ann an 2017 agus mun chùis a thaobh croitearan agus croitearan-seilbhe a-mhàin a bhith ceadaichte bhòtadh, oir tha e a-nis nas soilleire dè na croitean a tha ann an sealbh chroitearan-seilbhe agus bidh daoine ann aig an robh bhòt an turas mu dheireadh nach bi ceadaichte bhòtadh an turas seo. Bidh Ceannard IS a' coimhead ris a' chùis seo agus a' co-dhùnadh air an dòigh as fheàrr am poball a chomhairleachadh mun atharrachadh seo.

Bha an t-Àrd-Oifigear agus an Neach-gairm às leth a' Choimisein airson taing a thoirt don luchd-obrach air fad a thaobh na rinn iad de dh'obair an lùib sgaoileadh agus tilleadh air na foirmean Cunntais. Tha iad a' tuigsinn na bha ann de dh'obair agus an cuideam dian fo bheil an luchd-obrach ag obair.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean ri Roghainn 3, is e sin an Cunntas a chur a-mach san aon dòigh ris a' chiad bhliadhna le dìreach mion-fhiosrachadh na croite agus a' chroiteir air a lionadh. Dh'aontaich an Coimisean gun robh e cudromach a dhaingneachadh gu bheil an Cunntas na riatanas bliadhnaile.</b> <b>Thèid an dàrna Cunntas a-mach air 1 Dùbhlachd 2015, ma bhios na h-atharrachaidhean uile a chaidh ainmeachadh bhon chiad Chunntas air an giullachd.</b> <b>Cha chuirear a-mach an Cunntas Ionlaidh gu 2016.</b>
-------------------	---

## 11 MEASADAIREAN

(a)

### Measadairean – Ìre 2

Chuir an Ceannard Poileasaidh sìos am Pàipear, a tha a' beachdachadh air fastadh Mheasadairean a bhios a' speisealachadh ann am fuincseanan riaghlaidh sònraichte. Bidh an Coimisean a' fastadh dhaoine fa leth leis na comasan an dleastanas seo a ghabhail os làimh agus bidh iad nam pàirt den phròiseas co-dhùnaidh ath-sgrùdaichte.

Tha obair a' Mheasadair a-nis air a roinn, leis a' mhòr-chuid a' seachnadh thagraidhean riaghlaidh agus a' gabhail dreuchd comhairleachaidh, agus àireamh bheag le dleastanas nas speisealaichte.

San tritheamh rang den phròiseas Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte, tha roghainn ann a thaobh Measadairean speisealaichte a bhith a' cuideachadh le co-dhùnaidhean air thagraidhean riaghlaidh. Dheigheadh trèanadh sònraichte a thoirt seachad.

Dh'fheumadh Measadair sam bith air fhasdadh don dreuchd seo a bhith dealasach ma dheidhinn. Chan eil pàigheadh ann agus chan urrainnear ach cosgaisean a thoirt seachad. Dh'fheumadh iad gèilleadh do Chòd Giùlain a' Choimisein agus bhiodh Measadairean speisealaichte a' dèiligeadh leis gach raon de na sgìrean croitearachd agus chan ann le raointean sònraichte.

Thathar a' moladh am pròiseas a dheuchainneadh le tagraidhean Sònrachaidh a-mhàin sa chiad àite. Faodaidh am pròiseas a fhreagradh agus aon uair 's gu bheil e ag obair ceart, faodar gabhail ris.

Gu làithreach, tha mu 80 Measadair ann, agus an dèidh deasbad dh'aontaich gach Coimiseanair suas ri dà ainm Measadair ainmeachadh a tha iad den bheachd a bhiodh freagarrach airson na dreuchd speisealaichte. Cuiridh iad na h-ainmean sin air adhart gun Àrd-Oifigear.

Bha dragh ann mura h-iarradh an Coimisean air Measadairean le ùidh tagradh airson nan dreuchdan, nach b' urrainnear measadh a dhèanamh air seata sgìlean a' Mheasadair, agus chaidh gabhail ris an seo.

Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear.

<b>Co-dhùnadh</b>	<p><b>Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear agus iad ri smaoineachadh air suas ri dà ainm Measadair ainmeachadh a tha iad den bheachd a bhiodh freagarrach airson dreuchd Measadair speisealaichte, agus na h-ainmean sin a chur air adhart gun Àrd-Oifigear.</b></p> <p><b>Dhaingnich an Coimisean gun robh e deatamach gum biodh trèanadh coileanta ga sholarachadh dhaibhsan a bhiodh air am fastadh.</b></p> <p><b>Dh'aontaich an Coimisean gun robh e cudromach do Mheasadairean san amharc tagradh gu foirmeil airson na dreuchd, gus an seat sgìlean aca a mheasadh.</b></p>
-------------------	--

**(b) Pàipear air taghadh pannal Mheasadair san àm ri teachd agus beachdachadh air riatanasan trèanaidh a tha buntainneach don dreuchd atharraichte aig Measadairean.**

Chuir an Ceannard Poileasaidh sìos am Pàipear, a tha a' coimhead ri beachd air mar a bhios an Coimisean a' fastadh Mheasadairean san amharc.

Dh'fhaodadh an Coimisean co-dhùnadh leantainn air adhart le foirm fèin-ainmeachaidh, co-dhùnadh air teisteanasan iarraidh bho chroitèaran eile no beachdachadh air dòighean eile. Dh'fhaodadh gum bi an Coimisean airson co-chomhairleachadh le buidhnean eile m.e. Caidreachas Croitearachd na h-Alba, a thaobh atharrachadh sam bith ann am pròiseas.

Mhol an Coimiseanair Swann gum b' fhiach coimhead ris na pròtacalan an lùib nan earrannan carthannais agus mar a tha iad a' trèanadh agus a' fastadh saor-thoilich. Thuirt e gun robh e a' smaoineachadh gum faodadh beagan fiosrachaidh a bhith aige a dh'fhaodadh e a thoirt don Choimisean.

Chaidh dragh a thogail a thaobh ma cheadaicheas an Coimisean do thagraichean iad fhèin ainmeachadh, ciamar a bhios fios aca a bheil na sgìlean riatanach aig an tagraiche airson na h-obrach. Nuair a tha Measadairean a-muigh agus mun cuairt agus a' toirt comhairle do chuideigin, tha iad an sin às leth a' Choimisein agus tha e cudromach iad fhèin a ghiùlain ann an dòigh phroifeiseanta.



Mhol an Coimisean an àite do Mheasadairean ùra a bhith air am fastadh aig an aon àm ris a' Bhòrd ùr, dh'fhaodadh taghadh nam Measadair ùra a bhith air a chur air ais airson bliadhna agus air am fastadh aig deireadh ciad bliadhna a' Choimisein ùr.

An dèidh deasbaid, dh'aontaich an Coimisean leantainn air adhart gun Measadairean ùra sam bith fhadthad aig an àm seo, agus Buidheann Obrach Geàrr-ama a stèidheachadh gus beachdachadh air an t-slighe air adhart agus coimhead ri timeachadh agus ris a' phròiseas tagraidh. Dh'fhaodadh am buidheann cuid de Mheasadairean a ghabhail a-steach agus/no an SCF. Bha an Neach-gairm agus an t-lar-Neach-gairm airson a bhith mar phàirt den bhuidheann seo.

<b>Co-dhùnadh</b>	<p><b>Dh'aontaich an Coimisean leantainn air adhart gun Measadairean ùra sam bith fhadthad aig an àm seo, agus Buidheann Obrach Geàrr-ama a stèidheachadh gus beachdachadh air an t-slighe air adhart agus coimhead ri timeachadh agus ris a' phròiseas tagraidh. Dh'fhaodadh am buidheann cuid de Mheasadairean a ghabhail a-steach agus/no an SCF. Bha an Neach-gairm agus an t-lar-Neach-gairm airson a bhith mar phàirt den bhuidheann seo.</b></p> <p><b>Mhol an Coimisean an àite do Mheasadairean ùra a bhith air am fastadh aig an aon àm ris a' Bhòrd ùr, dh'fhaodadh taghadh nam Measadair ùra a bhith air a chur air ais airson bliadhna agus air am fastadh aig deireadh ciad bliadhna a' Choimisein ùr.</b></p>
-------------------	--

Dh'fhàg Betty NicChoinnich an seòmar.

## 12 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

4 Samhain 2015 – Taigh-òsta Sgeàboist, Drochaid Sgeàboist, An t-Eilean Sgitheanach.

## 13 GNOTHACH DEATAMACH SAM BITH

- Dh'fhaighnich an Neach-gairm do Choimiseanairean far an robh iad airson Coinneamh a' Bhùird taobh a-muigh na h-oifis a chumail an-ath-bhliadhna, agus an dèidh deasbaid dh'aontaich an Coimisean Coinneamh a' Bhùird a chumail air 28 Samhain 2016 ann am Brùra.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean Coinneamh a' Bhùird a chumail air 28 Samhain 2016 ann am Brùra.</b>
-------------------	---

- Dh'iarr an Neach-gairm air an dà chroitear òg a bha an làthair aig a' choinneamh geàrr-iomradh a thoirt air an eòlais croitearachd.

Dh'innis Dòmhnall MacFhionghain gu bheil e à Eilean Leòdhais agus ag obrachadh croit a mhàthar le beagan chaorach agus beagan glasraich. Tha ùidh air a bhith aige a-riamh ann an croitearachd. Tha e air Coimiseanair MacIllinnein a chuideachadh le trusadh san Sgarp agus tha measgachadh de dh'obair a' còrdadh ris. Gu làithreach, tha e ann an Oilthigh Ghlaschu ag ionnsachadh Cruinn-eòlas agus Poilitigs. Fhritheil e Cruinneachadh nan Croitear Òga ann an Asainte sa Mhàrt agus bha e glè inntinneach dha.

Dh'innis Vivienne NicGumaraid gun do rugadh agus gun do thogadh i na croitear agus gur i aon de Chroitearan a' Chreagain ann am Bail' Ùr an t-Slèibh. Fhuair i a sònrachadh mu 2½ bliadhna air ais bho chroit gun teaghlach sa bhaile aig an robh fo-ghabhail aig a h-athair airson 35 bliadhna. Is e croit de 42 acair a th' ann

le siathamh roinn san ionaltradh choitcheann. Tha 50 caora-uan dhubh-cheannach aice agus 36 othaisg air a' chroit an-dràsta agus bidh a h-athair a' geamhrachadh a chruidh air cuideachd gus a' chroit a chleachdadh barrachd. Tha na sia croitearan sa bhaile ag obair fìor mhath còmhla. Fhritheil i Cruinneachadh nan Croitear Òga ann an Asainte sa Mhàrt agus tha i na h-ionmhasair do Bhuidheann nan Croitear Òga. Air sgàth droch fhollaiseachd, chuir i suas duilleag Facebook a tha airson croitear sam bith, chan e dìreach croitearan òga, agus gu ruige seo 105 ball ann. Tron duilleag Facebook, faodaidh croitearan comhairle a thoirt seachad agus a chèile a chuideachadh. Is e an nì as cudromaiche daoine òga/croitearan a chuideachadh agus a bhrosnachadh, oir tha fios aig Vivienne cho cudromach 's a tha sin. Fhuair i tòrr cuideachaidh i fhèin agus tha i airson an fhiosrachaidh agus an eòlais sin a chur air adhart gu càch.

Tro SCF, tha Vivienne a' ruith Bunait Fearann Coitcheann air a' chroit aice fhèin. Tha i a' ruith Cùrsa Sgeamaichean Croitearachd is Àrainneachdail air 22 Sultain 2015, agus tha deichnear dhaoine a' tighinn chun na croite bho dhiofar bhuidhnean a' gabhail a-steach Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, Urras Iain Muir Trust, RSPB, SNH airson an latha, a dh'fhaighinn a-mach mar a tha baile croitearachd agus ionaltradh coitcheann ag obrachadh.

Fhuair Vivienne a-mach o chionn ghoirid gu bheil an cùmhnant ga bhuileachadh orra fhèin agus nighean a peathar/bràthar airson solarachd a-muigh an lùib na h-obrach a tha a' gabhail àite air an A9 eadar Ceann a' Ghiùthsaidh agus Ceann na Creige.

Bidh Trudi Sharp agus Lucy NicIlleMhìcheil bho Riaghaltas na h-Alba agus an t-Àrd-Oifigear a' tadhal air croit Vivienne air 24 Sultain 2015.

Thug an Neach-gairm taing dha Dòmhnall agus Vivienne airson a thighinn gun Choinneamh Bùird agus bha an Coimisean a' faireachdainn gun robh an obair croite aca fìor mhisneachail.

Dh'fhàg Dòmhnall MacFhionghain agus Vivienne Nic Gumaraid an seòmair aig 11:55m.

## **14 ÀS-DHÙNADH A' PHOBAILL 'S NA MEADHANAN**

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 14:50f.